

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleam@bbc.co.uk. This is Litir 510. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 206 corresponds to Litir 510.

O chionn ghoirid bha mi ann an Nirribhidh airson sgitheadh tro na beanntan eadar loidsichean. An turas seo bha mi anns an Rondane, sgìre a chaidh a dhèanamh na pàirc nàiseanta ann an naoi ceud deug, seasgad 's a dhà (1962) – a' chiad phàirc ann an Nirribhidh.

Tha an Rondane cudromach ann an iomadach dòigh. Mar eisimpleir, 's e fear de na h-àiteachan far a bheil na fèidh mhòra – no fèidh an t-sneachda – a' fuireach gun smachd aig mac an duine orra. Bidh fios agaibh gu bheil treudan mòra de dh'fhèidh ann an ceann a tuath nan dùthchannan Lochlannach, ach tha iad uile fo smachd nan Sàmi. Anns an Rondane, tha na fèidh fhathast a' falbh am measg nam beann mar a thogras iad fhèin.

Chan fhaca mi gin eileirigeann ann oir bha an dùthaich gu lèir còmhdhaichte le sneachd. Ach tha e coltach gu bheil a leithid ann, far am biodh daoine a' glacadh nam fiadh anns an t-seann aimsir – dìreach mar a bhiodh ar sinnsirean fhèin.

A' stobadh a-mach às an t-sneachd, ge-tà, bha bothain bheaga. 'S e am facal a thathar a' cleachdadh ann an Nirribhis san latha an-diugh airson a leithid – *bu*. Tha mi an dùil gu bheil sin ceangailte ris na faclan *bùth* is *both* ann an Gàidhlig agus, mar sin, ri *bothy* ann an Beurla – a thàinig bhon Ghàidhlig *bothan*. Gu tric, 's e *hytte* a th' aig na Nirribhich air togalaichean nas motha na *bu*. Tha sin ceangailte ris an fhacal Bheurla *hut* – ach gu tric tha *hytte* Nirribheach tòrr nas motha is nas spaideile na *hut*.

Co-dhiù, mhothaich mi gun robh mi ann an sgìre a bha ainmeil airson beul-aithris nuair a ràinig mi togalach beag cloiche aig bun nam beann air a bheil *Peer Gynt Hytte*. Aig amannan dhen bhliadhna, bidh e fosgailte mar chafaidh do sgithearan. Tha e co-cheangailte ri caractar ainmeil ann an dualchas Nirribhidh – Peer Gynt.

B' e Henrik Ibsen fear de na sgrìobhadairean dhealbhan-chluiche as ainmeile a bh' ann riamh. Nuair a bha mi ann an Oslo, chaidh innse dhomh gur e Ibsen **an dàrna sgrìobhadair as motha a fhuair a dhealbhan air an àrd-ùrlar** air feadh an t-saoghail. 'S e a' chiad fhear Uilleam Shakespeare.

Co-dhiù, sgrìobh Ibsen an dealbh-chluich *Peer Gynt* stèidhichte gu ìre air beul-aithris agus caractar a chuireas seachad ùine anns na beanntan, am measg nan *trolls* is eile. Chuir Edvard Grieg ceòl ris – ceòl a tha gu math ainmeil an-diugh. Ach dè an ceangal a th' ann eadar am bothan cloiche ann am beanntan an Rondane, air a bheil Peer Gynt Hytte, agus an dealbh-chluich? Uill, a rèir choltais, chuir am fear-cruinneachaidh sgeulachdan, Peter Christian Asbjørnsen, oidhche seachad ann am

bothan anns an dearbh àite sin ann an ochd ceud deug, ceathrad 's a dhà (1842).
Chruinnich e sgeulachdan mu shealg nam fiadh mòra agus marcachd air muin ghobhar
– rudan a bha ann an inntinn Henrik Ibsen nuair a sgrìobh e Peer Gynt.

Às dèidh dhomh an Rondane fhàgail, chaidh mi **a-bhàn** don ghleann gu baile
Otta, far a bheil stèisean-rèile. Agus ann an sin, chuala mi stòiridh a tha a' ceangal na
sgìre sin do dh'Alba. Gu mì-fhortanach, chan e deagh stòiridh a th' ann oir bha batail
ann eadar Albannaich agus Nirribhich.

Tha sinn cleachdte ri bhith a' cluinntinn mu fheachdan Lochlannach ann an
Alba. Ach, an ath-sheachdain, innsidh mi dhuibh mu fheachd Albannach a chaidh a-
steach gu dùthaich Pheer Ghynt, agus mar a dh'fhuiling iad gu dubh.

* * * * *

Faclan na Litreach: Nirribhidh: *Norway*; loidsichean: *lodges*; eileirigean: *deer traps*;
dealbh-chluich: *[stage] play*; stèisean-rèile: *railway station*.

Abairtean na Litreach: sgìre a chaidh a dhèanamh na pàirc nàiseanta: *an area that
was made a national park*; far a bheil na fèidh mhòra a' fuireach gun smachd aig mac
an duine orra: *where the reindeer live wild [without man's control on them]*; ceann a
tuath nan dùthchannan Lochlannach: *the north of Scandinavia*; fo smachd nan Sàmi:
under the control of the Saami; mar a thogras iad fhèin: *as they themselves wish*; gu
bheil a leithid ann: *that such things do exist*; dìreach mar a bhiodh ar sinnsirean fhèin:
just as our own ancestors would do; a' stobadh a-mach às an t-sneachd, ge-tà: *sticking
out of the snow, however*; 's e hytte a th' aig na Nirribhich air togalaichean nas motha
na bu: *the Norwegians call a building bigger than a "bu" a "hytte"*; fosgailte mar
chafaidh do sgithearan: *open as a cafe for skiers*; co-cheangailte ri caractar ainmeil:
linked to a famous character; dè an ceangal a th' ann eadar am bothan cloiche agus an
dealbh-chluich?: *what's the link between the stone bothy and the play?*; mu shealg
nam fiadh mòra agus marcachd air muin ghobhar: *about the hunting of the reindeer
and riding on the backs of goats*; chan e deagh stòiridh a th' ann oir bha batail ann: *it's
not a good story because there was a battle*; cleachdte ri bhith a' cluinntinn mu
fheachdan Lochlannach ann an Alba: *used to hearing about fighting groups of Vikings
in Scotland*; mar a dh'fhuiling iad gu dubh: *how they suffered badly*.

Puing-chànain na Litreach: chaidh mi **a-bhàn** don ghleann: *I went down to the glen*.
MacBain tells us that a-bhàn comes from a(n) bh-fàn, meaning "into declivity". But
today it is an adverb meaning "down, downwards", used in much the same way as
sìos eg chaidh mi a-bhàn don chladach (*I went down to the shore*), shuidh mi a-bhàn (*I
sat down*). It is more commonly encountered today in mainland dialects than in the
islands but is known throughout the Gàidhealtachd from lines in songs such as
suidhidh sinn a-bhàn gu socair (*we will sit down at our ease*).

Gnathas-cainnt na Litreach: an dàrna sgrìobhadair as motha a fhuair a
dhealbhan air an àrd-ùrlar: *the second most performed playwright*.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoineachadh le MG ALBA